




**Galaran
Ceangailte
ri Cùram-
slàinte**

**Fiosrachadh airson a' phobaill
Dreach a tha soirbh a leughadh**



Health
Protection
Scotland

Dè a tha ann an galar ceangailte ri cùram-slàinte?



Is e a tha ann ach galar a dh'haodadh daoine gabhail nuair a tha iad a' faighinn cùram-slàinte ann an ospadalan. Dh'haodadh iad galaran a ghabhail cuideachd ann an dachaighean-cùraim, ann an ionadan-leigheis dhotairean, ann an ionadan-slàinte agus aig an dachaigh ma thathar a' toirt aire dhaibh an sin.

Cia mheud duine a ghabhas galar ceangailte ri cùram-slàinte?

WAITING ROOM



Bidh mu 5 a-mach à 100 neach air am bi galar ceangailte ri cùram-slàinte aig àm sam bith. Chan eil buaidh san ùine fhada aig a' chuid as mothà de na galaran seo. Chan eil fios aig duine sam bith cia mheud neach ann an dachaighean-cùraim no a-staigh nan dachaighean fhèin air a bheil galar ceangailte ri cùram-slàinte.

Carson a ghabhas daoine galar nuair a tha iad a' faighinn cùram-slàinte?



Nuair a tha thu tinn no fo làimhseachadh faodaidh gum fàs an dòn nàdarra a tha agad an aghaidh ghalaran (siostam ion-dhòn) nas laige na an àbhaist. Cha ghabh a' chuid as mothà de dhaoine galar ceangailte ri cùram-slàinte nuair a tha iad fo làimhseachadh ach chan eil e comasach an cunnart air fad ri linn cùram-slàinte a thoirt air falbh uile-gu-lèir. Tha seo seach gum faod a h-uile galar, cor-slàinte, modh-obrach meadaigeach agus uaireannan cungaидh-leigheis an dòn nàdarra agad an aghaidh ghalaran a lùghdachadh.

Dè na seòrsaichean as bitheanta de ghalaran ann an ospadalan?

Is iad na seòrsaichean as bitheanta de ghalaran ann an ospadalan galaran-fuail, galaran an dèidh a bhith fon lannsa, galaran-craicinn, dìobhairt agus a' bhuinneach.

Dè na seòrsaichean de bhitheagan a bhios ag adhbharachadh ghalaran?

Tha a' chuid as mothà gan adhbharachadh le bitheagan a tha beò gu h-àbhaisteach air ar bodhaigean agus nach eil nan cron mar as trice. Ach 's urrainn dhaibh galaran adhbharachadh ann an daoine a tha nas laige na an àbhaist mar thoradh air an tinneas no an làimhseachadh aca.

Dè thachras ma ghabhas mi galar ceangailte ri cùram-slàinte?

Tha seo an crochadh air an t-seòrsa de ghalar a ghabhas tu agus air do shlàinte san fharsaingeachd. Bruidhnidh an sgioba cùram-slàinte is cùram-sòisealta a tha a' toirt aire dhut riut mun chùram is làimhseachadh a bhios a dhìth ort.



Faodaidh:

gun tèid do chur ann an seòmar leat fhèin
gus nach bi an galar a' bualadh air daoine
eile



gum bi feum agad air
cungaiddh-leigheis a bharrachd



gum faigh thu comhairle a thaobh nas
urrainn dhut a dhèanamh gus nach sgaoil
an galar

Dè nì mi gus nach sgaoil galaran nuair a thadhlas mi air ospadal no dachaigh-cùraim?



Na tadhail air luchd-dàimh no caraidean ann an ospadal no dachaigh-cùraim ma tha cnatan ort no mura bheil thu a' faireachdainn gu math.



Ma tha diobhairt no a' bhuinneach a' cur ort, cha bu chòir dhut tadhla gu ruige dà là an dèidh dhut faireachdainn nas fheàrr.



Nigh is tiormaich do làmhan mus tadhail thu air ospadal no dachaigh-cùraim, gu h-àraighean dèidh dhut dol dhan taigh-bheag.



Ma tha dealatan-làimhe aig doras an uàird no ri taobh na leapa, dèan feum dheth mus tadhail thu agus an dèidh dhut tadhla.



Iarr comhairle air an sgioba mus toir thu biadh no deoch a-steach airson cuideigin air a bheil thu a' tadhla.




Na dèan suidhe air leabaidh an duine agus na toir a-steach cus luchd-tadhail aig an aon àm.



Na bean aig àm sam bith ri dreasad, snighe no uidheam sam bith eile timcheall air an leabaidh.



Na cleachd taighean-beaga nan euslainteach.



Ma the ceist ort no mura bheil thu cinnteach à rud sam bith a bhuineas ri galaran ceangailte ri cùram-slàinte, nach bruidhinn thu ris an luchd-altraim no ris an neach-chùraim ris a bheil do chùram an urra.

Bruidhinn rium ma bhios cuideachadh a dhìth ort.

Ainm:

Roinn:

Àireamh-fòn:

Tha an duilleachan seo ri fhaotainn ann an caochladh chànanan, ann an clò mòr agus ann am Braille (Beurla a-mhàin). Nach cuir thu fòn gu 0141 300 1100 airson barrachd fios.

